

<b>Freagairt Bhòrd na Gàidhlig airson Co-chomhairleachadh aig Comhairle na Gàidhealtachd – Bun-sgoil Ùige</b>	<b>Bòrd na Gàidhlig's Response on the Highland Council Consultation - Uig Primary School</b>
<p><b>1. Ro-ràdh</b></p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig a’ cur fàilte air cothrom beachdan a thoirt seachad air a’ mholadh gun sguir solar foghlaim aig Bun-sgoil Ùige.</p> <p>Tha Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig mar bhunait airson na freagairt seo. San Stiùireadh Reachdail, far a bheil barrachd mìneachaidh air na ceumannan seo, 's e bunait na cùise gum bu chòir adhartas is fàs a bhith air Foghlam tron Ghàidhlig.</p>	<p><b>1. Introduction</b></p> <p>Bòrd na Gàidhlig welcomes the opportunity to comment on the proposed discontinuation of education provision at Uig Primary School.</p> <p>The Statutory Guidance on Gaelic Education and the National Gaelic Language Plan 2018-23 form the basis for the Bòrd’s response to this consultation. The Statutory Guidance, where there is further detail on the steps involved, has as its basis that GME should develop and grow.</p>
<p><b>2. Fiosrachadh sa Cho-chomhairleachadh</b></p> <p>Tha Comhairle na Gàidhealtachd a’ moladh gun sguir iad solar foghlaim ann am Bun-sgoil Ùige agus gun toir iad an sgìre-sgoile aice do Bhun-sgoil Chille Mhoire.</p> <p>Rinneadh co-chomhairle mun mholadh gus Bun-sgoil Ùige a dhùnadh ann an 2010. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air an fhianais sgrìobhte is labhairteach a fhuair, chodhùin Comhairle na Gàidhealtachd gun dùnadh iad Bun-sgoil Ùige gu sealach agus gum biodh sgrùdadh eile ann san fhad-ùine.</p> <p>Tha Comhairle na Gàidhealtachd a’ cur air adhart nan adhbharan a leanas airson sguir de sholar foghlaim aig Bun-sgoil Ùige:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Chan eil sgoilearan air a bhith ann am Bun-sgoil Ùige bho dheireadh seisean 2009-10.</li> <li>• Bheireadh ath-fhosgladh Bun-sgoil Ùige droch bhuaidh foghlaim, an dà chuid air clann à Ùige fhèin, agus air na sgoilearan a tha fhathast ann am Bun-sgoil Chille Mhoire.</li> <li>• Tha coimhearsnachd Ùige air a bhith a’</li> </ul>	<p><b>2. Consultation Information</b></p> <p>The Highland Council is proposing to discontinue education provision at Uig Primary School re-assigning its catchment area to that of Kilmuir Primary School.</p> <p>A statutory consultation into the proposed closure of Uig Primary School was undertaken during 2010. Following a review of the oral and written representations made, Highland Council decided to close Uig Primary on a temporary basis, pending a longer term review.</p> <p>Highland Council list the following reasons for the proposed discontinuation of education provision at Uig Primary School:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• No children have attended Uig Primary School since the end of session 2009- 10.</li> <li>• Re-opening Uig Primary would have a negative educational impact, both on the pupils from Uig itself, and the pupils who remain at Kilmuir Primary.</li> <li>• The community of Uig has made use of the school building since the school was</li> </ul>

<p>cleachdadh togalach na sgoile bho chaidh an sgoil a dhùnadh gu sealach ann an 2010.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha Eaglais Mìsean Ùige air a bhith a' cleachdadh an toglaidh airson seirbheisean eaglaise, agus tha iad a-nis ag amas air barrachd a dhèanamh innte.</li> <li>• Tha a' Chomhairle air coimhead air roghainnean eile ann a bhith a' tighinn chun a' mholaigh seo.</li> </ul> <p><b>Fiosrachadh làithreach – Bun-sgoil Chille Mhoire</b></p> <p>Tha Foghlam tron Ghàidhlig ri fhaighinn ann an Bun-sgoil Chille Mhoire. Tha 38 air a' chlàr-sgoile airson 2018-19 le 23 sgoilear ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus 15 ann am foghlam tro mheadhan na Beurla. Thathar an dùil gum bi 35 air clàr na sgoile airson 2019-20 le 22 sgoilear ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus 13 ann am foghlam tro mheadhan na Beurla.</p> <p>'S e 75 an àireamh sgoilearan as motha a ghabhas an sgoil. Mar sin, 's e 51% de chomas-lionaidh na sgoile a th' ann an 38 sgoilearean. 'S e 47% de chomas-lionaidh na sgoile a bhiodh ann leis na 35 sgoilearan ris a bheilear an dùil ann an 2019-20.</p> <p>A' sgrùdadh roghainnean eile</p> <p>Tha an t-ùghdarras foghlaim air beachdachadh air na roghainnean reusanta eile a leanas:</p> <ol style="list-style-type: none"> <li>A' leantainn air adhart leis an t-suidheachadh a th' ann an-dràsta far a bheil an sgoil dùinte gu sealach</li> <li>Gus Bun-sgoil Ùige ath-fhosgladh mar Bhun-sgoil Foghlam tron Bheurla, leis an sgìre-sgoile làithreach aice</li> <li>Gus bun-sgoil Ùige ath-fhosgladh mar Bhun-sgoil a tha a' tabhann an dà chùid Foghlam tron Bheurla agus tron Ghàidhlig, leis an sgìre-sgoile làithreach aice.</li> <li>No roghainnean ii no iii gu h-àrd le sgìre-sgoile nas motha</li> </ol>	<p>"mothballed" in 2010. The building has been used for church services by the Uig Mission Church, which is seeking to expand provision.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• The Council has explored alternatives in arriving at this proposal.</li> </ul> <p><b>Current Details – Kilmuir Primary</b></p> <p>Gaelic Medium Education is available at Kilmuir Primary School. The 2018-19 roll is 38 with 23 pupils in Gàidhlig Medium and 15 in English Medium. The anticipated roll for 2019-20 is 35, with 22 pupils in Gàidhlig Medium and 13 in English Medium.</p> <p>The school has a registered capacity of 75. The 2018-19 roll of 38 therefore represents 51% use of capacity. The anticipated 2019-20 roll of 35 would represent 47% use of capacity.</p> <p>Examination of Alternatives</p> <p>The education authority has given consideration to the following reasonable alternatives:</p> <ol style="list-style-type: none"> <li>To continue with current "mothballing" arrangement</li> <li>To re-open Uig Primary as an English Medium School, with its current catchment area</li> <li>To re-open Uig Primary as a school offering both English Medium and Gaelic Medium education, with its current catchment area</li> <li>Either of options ii and iii above with an expanded catchment area</li> </ol>
<p><b>3. Moladh na Comhairle</b></p> <p>Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' moladh gum bu chòir Bun-sgoil Ùige, a tha dùinte gu</p>	<p><b>3. Council Recommendation</b></p> <p>Highland Council recommends that Uig Primary School, currently "mothballed," is closed and</p>

<p>sealach an-dràsta a dhùnadh agus gun tèid an sgìre-sgoile a thoirt do Bhun-sgoil Chille Mhòire.</p>	<p>the catchment area re-assigned to that of Kilmuir Primary School.</p>
<p><b>4. Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig</b></p> <p><b>Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig</b></p> <p>Ann am FtG cha bu chòir ach Gàidhlig a bhith air a cleachdadh airson ionnsachaidh, teagaisg agus mheasaidhean bho BS1 gu BS3. Bho BS4, bu chòir a’ Bheurla a bhith air a toirt a-steach beag air bheag, ach bidh a’ Ghàidhlig fhathast na prìomh chànan san t-seòmar-teagaisg.</p> <p>’S e prìomh amas FtG gum bi e comasach do chloinn agus daoine òga a bhith ag obair gu fileanta agus le misneachd ann an dà chànan, Gàidhlig agus Beurla, agus an dà chànan a chleachdadh ann an iomadh suidheachadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile. Tha diofar chomasan sa Ghàidhlig aig clann mus tòisich iad san sgoil agus tha buaidh mhòr na Beurla ann, mar sin tha feum aca air bogadh sa Ghàidhlig aig ìre thràth. Tha ceangal làidir ann eadar bogadh sa Ghàidhlig bho P1-P3 agus mar a shoirbhicheas le clann aig ìrean às dèidh sin.</p> <p>Gus dèanamh cinnteach gum bi bogadh èifeachdach ann am FBG, cha bu chòir cànan eile a chleachdadh ach a’ Ghàidhlig bho P1-P3. (Earrainn 2.10 &amp; 2.11)</p> <p>Cha toireadh na roghainnean eile <b>Roghainnean 1 agus 2</b> buaidh mhòr air solar làithreach airson FtG ach tha Bòrd na Gàidhlig a’ tuigsinn gu bheil an dìth soillearachd mu sgoil a tha dùinte gu sealach, le clàr-sgoile de nas lugha de 10 sgoilearan a’ ciallachadh nach biodh seo na roghainn tharraingeach dhan ùghdarras foghlam no dhan choimhearsnachd ionadail.</p> <p>Tha fiosrachadh mu <b>Roghainn 3</b> ag ràdh nan rachadh Bun-sgoil Ùige ath-fhosgladh mar sgoil leis an dà chuid Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam tron Bheurla leis an sgìre-sgoile làithreach, bhiodh an toradh mar a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dìreach 1 chlas FtG le 11 sgoilear ann am Bun-sgoil Chille Mhoire agus</li> <li>• Dìreach 1 chlas FtG le 11 sgoilear ann am</li> </ul>	<p><b>4. Statutory Guidance on Gaelic Education</b></p> <p><b>Gaelic Medium Primary Education</b></p> <p>In GMPE only Gaelic should be used for learning, teaching and assessment from P1 – P3. From P4, English should be gradually introduced, with Gaelic remaining the predominant language of the classroom.</p> <p>The aim of GME is for children and young people to be able to operate fluently and confidently in two languages, Gaelic and English, and to use both languages in a range of situations within and beyond the school. As a result of varying prior knowledge of Gaelic and the predominance of English, young people need an early stage of Gaelic Language Immersion. There is a strong correlation between Gaelic Immersion in P1 – P3 and later pupil achievements.</p> <p>For effective immersion in GMPE, the language of the classroom should be Gaelic from P1 – P3. (Sections 2.10 and 2.11)</p> <p>The alternative <b>Options 1 and 2</b> would have no effect to the current GME provision available however, Bòrd na Gàidhlig can appreciate that continued lack of clarity of a mothballed school or a school with a roll under 10 may not be a desirable option for the education authority nor the local community.</p> <p>Details provided in <b>Option 3</b> advise if Uig Primary School were to re-open as a school offering both Gaelic Medium and English Medium Education within its current catchment area it would result in:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• 1 single GM class with 11 pupils in Kilmuir Primary School and</li> <li>• 1 single GME class with 11 pupils in Uig</li> </ul>

<p>Bun-sgoil Ùige.</p> <p>Bheireadh clasaichean FtG singilte anns am biodh BS1 - BS7 droch bhuaidh air ìre an làn-bhogaidh ann am FtG.</p> <p>Le <b>Roghainn 4</b> bhiodh an sgìre-sgoile aig Bun-sgoil Ùige air a leudachadh agus, mar sin, nan tuiteadh clàr na sgoile airson Bun-sgoil Chille Mhòire, dh'fhaodte nach biodh ach aon chlas FtG anns gach sgoil agus dh'fhaodadh gun toireadh seo droch bhuaidh air ìre an làn-bhogaidh.</p> <p>Mar sin, tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gum bu chòir Bun-sgoil Ùige, a tha dùinte gu sealach an-dràsta, a dhùnadh agus gun tèid an sgìre-sgoile a ghabhail os làimh le Bun-sgoil Chille Mhòire. Nì seo cinnteach, leis a' chlàr-sgoile ris a bheilear an dùil, gum bi 2 chlas FtG ann am Bun-sgoil Chille Mhoire agus mar sin, bidh seo a rèir nam molaidhean anns an Stiùireadh Reachdail a thaobh làn-bhogadh bho BS1-BS3.</p>	<p>Primary School.</p> <p>Single GME classes of P1 – P7 would be detrimental to the total immersion phase of GME.</p> <p><b>Option 4</b> would involve expanding the catchment area of Uig Primary School and therefore, if school roll of Kilmuir Primary was to fall, resulting in a single GME class in each school then again this could detrimentally affect the total immersion phase.</p> <p>Therefore, Bòrd na Gàidhlig welcomes the recommendation that Highland Council recommends that Uig Primary School, currently "mothballed," is closed and the catchment area re-assigned to that of Kilmuir Primary School. This will ensure that with the projected school roll of Kilmuir Primary that the GME provision will consist of 2 classes and therefore adheres to the recommendations in the Statutory Guidance regarding total immersion from P1 – P3.</p>
<p><b>5. Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23</b></p> <p>'S e fear de na trì prìomhachasan sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 gun tèid fàs a thoirt air ionnsachadh na Gàidhlig agus tha FtG air a chomharrachadh mar chuspair airson fàs. Ann am beachd a' Bhùird, cha chuir moladh aig Comhairle na Gàidhealtachd bacadh air cothroman gus FtG fhaighinn no fàs ann am FtG. Dh'fhaodadh gu bheil cothrom ann barrachd phàrantan a thàladh agus àrdachadh a thoirt air ionnsachadh na Gàidhlig ma thèid 2 chlas FtG a' chumail aig Bun-sgoil Chille Mhoire.</p>	<p><b>5. The National Gaelic Language Plan 2018-23</b></p> <p>One of the three priorities within National Gaelic Language Plan 2018-23 is to increase the learning of Gaelic and GME is highlighted as an area for growth. In the Bòrd's view the proposed discontinuation of education at Uig Primary will not adversely affect GME provision. The continuation of 2 GME classes at Kilmuir Primary has the potential to attract more parents and could increase the learning of Gaelic.</p>